

**Coinneamh:** Comataidh Sgrùdaidh agus Dearbhachd  
**Ceann-là/Àm:** 20 Cèitean aig 09.30  
**Àite:** Microsoft Teams

## Geàrr-chunntas – Seisean Fosgailte

### 1. Cùisean Tòiseachaidh

#### 1.1. Fàilte is Leisgeulan

##### Buill Comataidh an Làthair:

Stewart MacLeòid (Cathraiche) [SML]  
Rob MacFhionghuin [RMK]  
Dòmhnall Mac a’ Phì [DKM] (gus puing 2.3)  
Rob Dunbar [RD]

##### A’ Frithealadh:

Ealasaid Dhòmhnallach, Ceannard/Oifigear Cunntachail [ED]  
Nicola Pearson, Ceann an Ionmhais is Chùisean Chorporra. [NP]  
Iain Mac a’ Mhaoilein, Stiùiriche Leasachaidh [IMM]  
Scott McCready, Wbg [SMC]  
Esther Scoburgh, Sgrùdadh Alba [ES]  
Orla NicDhòmhnaill, A’ clàradh a’ gheàrr-chunntais [OND]

##### Leisgeulan:

Dòmhnall Mac a’ Phì [DKM] (bho phuing 2.4)

#### 1.2. A’ nochdadh com-pàirt

DKM – FC Sonas, Comunn na Gàidhlig  
RD – Oilthigh Dhùn Èideann, Ionad Gàidhlig Dhùn Èideann

#### 1.3. Gnothach Iomchaidh Sam Bith Eile (GISBE)

Cha robh gin ann.

### 2. Aithisgean In-sgrùdaidh

#### 2.1. In-sgrùdadh: Aithisgean Ràitheil (Airson Co-dhùnadh)

##### **Pàigheadh agus Cosgaisean**

Thug SMC sealladh farsaing seachad air an ath-sgrùdadh air Ròla-pàighidh is Cosgaisean a fhuair ìre làidir de bharantachadh. Thug e fiosrachadh do Bhuill mu adhbhar agus sgòp an ath-sgrùdaidh. Chaidh trì molaidhean aig ìre ìosail a thogail, agus chaidh barrachd

fiosrachaidh a thoirt seachad mu na ceithir puingean deagh-chleachdaidh a chaidh a thogail.

Dh'iarr buill soilleireachd mu sheach-thìm (*overtime*) agus dhearbh NP gu bheil an rèiteachadh Tìde Dheth Mar Thoradh (TOIL) ga chleachdadh.

Dh'fhaighnich buill mu fhoirmean nan cosgaisean agus am bithear a' toirt fios do luchd-obrach ùra mun dheidhinn seo nuair a thòisicheas iad san obair. Thug NP geàrr-chunntas seachad air a' phròiseas.

#### Co-dhùnadh:

Dh'aontaich na Buill an aithisg.

#### **Lèirmheas Riaghlaidh Coileanaidh nan Com-pàirtichean Lìbhrigidh**

Thug SMC sealladh farsaing seachad air an lèirmheas air Riaghladh Coileanadh Com-pàirtichean Lìbhrigidh a fhuair ìre làidir de dhearbhadh.

Thug e fiosrachadh do Bhuill mu adhbhar agus sgòp an ath-sgrùdaidh. Cha deach moladh sam bith a thogail, agus chaidh barrachd fiosrachaidh a thoirt seachad mu na sia puingean deagh-chleachdaidh a chaidh a thogail.

Chuir Buill meal-a-naidheachd air luchd-obrach Bòrd na Gàidhlig airson na h-aithisg làidir seo.

Thuir Buill gum bu chòir mìneachadh a thoirt air acronaimean.

Thog Buill ceistean mun sgòp agus dh'fhaighnich iad a bheil seo a' tomhas luach nan tabhartasan a thèid a thoirt seachad. Dh'innis SMC do Bhuill mu sgrùdadh eile a bhios a' coimhead air seo agus mhìnich NP gum faodar sgòp na h-aithisg seo ath-sgrùdadh an ath-bhliadhna.

#### Co-dhùnadh:

Dh'aontaich na Buill an aithisg.

#### **Iar-sgrùdadh**

Mhìnich SMC an t-iar-sgrùdadh agus gur ann mar seo a bhios In-sgrùdadh ag ath-sgrùdadh buileachadh mholaidhean nach deach a chur an gnìomh fhathast no a chaidh a thogail bhon bhliadhna ionmhais roimhe. Thug e fa-near, gun deach 11 de na 13 molaidhean a rinneadh a chur an gnìomh gu h-iomlan agus gun deach dà dhiubh a chur an gnìomh gu ìre. Thug e seachad beagan fiosrachaidh a bharrachd mun obair a rinneadh gus na molaidhean seo a chur an gnìomh. Thuirt NP nach robh e air a bhith comasach dhaibh aon de na molaidhean a chur an gnìomh aig an ìre seo ach gun robh e ga thoirt air adhart agus mar sin gun robh i an dòchas gum biodh ùrachadh ann a dh'aithghearr.

Co-dhùnadh:

Dh'aontaich na Buill an aithisg.

## **2.2. Aithisg In-sgrùdaidh Bhliadhnail**

Mhìnich SMC adhbhar agus bun-inbhean in-sgrùdaidh do na Buill. Dh'innis SMC dhan Chomataidh, gun robh riaghladh riosgan iomchaidh agus èifeachdach aig Bòrd na Gàidhlig gus amasan na Buidhne a choileanadh a rèir an Luchd-in-sgrùdaidh agus thug iad seachad fiosrachadh air mar a chruinnich iad am fiosrachadh seo.

Thug SMC barrachd fiosrachaidh seachad mun obair a rinn In-sgrùdadh gus an co-dhùnadh seo a dhèanamh cho math ri barrachd fiosrachaidh mun 12 mholadh air am bu chòir dhaibh iar-sgrùdadh a dhèanamh an ath-bhliadhna agus thug e seachad fios air tomhasan-measaidh a dhèanamh (*benchmarking*) le buidhnean coltach ris.

Shoilleirich SMC gum biodh Ceannard an In-sgrùdaidh air an deach iomradh a thoirt san aithisg aig Wbg.

Co-dhùnadh:

Dh'aontaich a' Chomataidh an Aithisg In-sgrùdaidh Bhliadhnail.

### **Plana In-sgrùdaidh**

Dh'innis SMC do Bhuill gun deach cùmhnant Wbg mar In-sgrùdaiche a leudachadh fad dà bhliadhna eile agus gu bheil Bòrd na Gàidhlig agus Wbg air coinneachadh gus beachdachadh air planaichean sgrùdaidh airson na ath-bhliadhna. Chaidh na prìomh

raointean a mhìneachadh agus thuirt SMC gur dòcha gun rachadh amas a bharrachd a thoirt a-steach ann an sgòp nan Tabhartasan do Bhuidhnean Gàidhlig a thaobh luach thabhartasan, mar a chaidh a dheasbad aig Lèirmheas Riaghlaidh Coileanaidh nan Com-pàirtichean Lìbhrigidh. Thug IMM fa-near gu bheil an aithris seo a' tachairt mar-thà agus bu bheil seo na dhleastanas aig Comataidh Poileasaidh is Ghoireasan. Mhol IMM gun rachadh seo a dheasbad nuair a thèid geàrr-chunntas na coinneimh a thaisbeanadh dhan Bhòrd aig an ath choinneimh aca.

Gnìomh:

Ri dheasbad aig an ath choinneimh Bùird.

Co-dhùnadh:

Dh'aontaich na buill am Plana In-sgrùdaidh.

*\*Dh'fhàg DKM a' choinneamh aig 10.15\**

### **2.3. Inbhe Molaidhean Sgrùdaidh**

Dh'innis NP dhan Chomataidh nach robh molaidhean sgrùdaidh sam bith fhathast rin coileanadh, a' gabhail a-steach an fheadhainn a rinneadh anns na pàipearan in-sgrùdaidh a chaidh a thaisbeanadh an-diugh.

Co-dhùnadh:

Dh'aontaich na Buill am pàipear.

## **3. Rianachd Mhì-chinntean**

### **3.1. Ro-innleachd Rianachd Mhì-chinntean**

Dh'innis NP dhan Chomataidh gur e an ro-innleachd a chaidh a thoirt dhaibh an t-ath-sgrùdadh bliadhnail air Ro-innleachd Riaghladh Mhì-chinntean a bhiodh Bòrd na Gàidhlig a' cur an sàs. Cha deach atharrachadh sam bith a dhèanamh air a' phròiseas fhèin airson mì-chinntean a chomharrachadh agus obrachadh a-mach agus cha do dh'atharraich dòigh seòrsachaidh nan riosgan. Chaidh nì 1.2 atharrachadh beagan gus am biodh e na bu shoilleire. Cha robh atharrachadh sam bith a bharrachd ann.

Dh'fhaighnich buill mu thrèanadh sam bith Dh'innis NP dhaibh gun robh i air a bhith a' coimhead air cothroman trèanaidh agus mhol Buill gum bu chòir thrèanadh sam bith a tha ann a thabhann do Bhuill a' Bhùird.

Dh'fhaighnich Buill mun phròiseas airson an ath-sgrùdaidh bliadhnail air miann riosg. Dhearbh NP gun tèid seo a dhèanamh tro bhith a' taisbeanadh Clàr nam Mì-chinntean dhan Bhòrd aig gach coinneamh agus thug e seachad barrachd fiosrachaidh air mar a tha am Bòrd a' cumail sùil air miann riosg.

Dhaingnich ES gur e Comataidh Sgrùdaidh is Dearbhachd a tha an urra ris a' mhiann riosg agus gu bheil a' cur seo air beulaibh a' Bhùird airson fiosrachaidh.

Mhol NP gum bu chòir am miann riosg a chomharrachadh fo thuairisgeul an riosg agus an aithisg a dhèanamh nas soilleire agus nas sùbailte .

#### Gnìomh:

NP agus SML gus beachdachadh air mar as urrainnear am pròiseas gus miann riosg aontachadh a leasachadh.

#### Co-dhùnadh:

Dh'aontaich Buill Ro-innleachd nam Mhì-chinntean.

### **3.2. Riaghladh Mhì-chinntean Ro-innleachdail**

Dh'innis NP dhan Chomataidh gun deach an rangachadh air riosg 5 àrdachadh bho chaidh an clàr a thaisbeanadh mu dheireadh agus gun robh grunn atharrachaidhean air clàran-ama agus aithrisean, a tha air an comharrachadh ann an teacsa dearg. Bha sgòr coltachd riosg 5 air a dhol suas agus bha sin mar thoradh air dàil ann an sanasachd airson Cathraiche agus Buill Bùird ùra.

Mhol Buill gum bu chòir an t-ìomradh air stiùireadh reachdail a leudachadh gu riosg 1.2. Chaidh a mholadh cuideachd gum bu chòir aire a thoirt dhan ìre is gu bheil an stiùireadh reachdail air a nochdadh ann am Planaichean Gàidhlig agus ann an cur an gnìomh nam Planaichean Gàidhlig.

Bhruidhinn IMM air tuairisgeul an riosg airson Riosg 2 agus mar a dh'fhaodadh e a bhith feumail seo a leudachadh ann an dòigh gus am bi e a' gabhail a-steach na h-obrach a thathar a' dèanamh le buidhnean poblach cuideachd. Chaidh moladh gun rachadh ath-sgrùdadh a dhèanamh air an riosg seo a thaobh dhleastanasan reachdail Bòrd na Gàidhlig gus a' phuing seo ath-fhrèamadh agus a leudachadh.

Gnìomh:

Tha NP agus IMM gu bhith a' deasbad air an dòigh as fhèarr gus na molaidhean a chaidh a thogail a chur ris a' chlàr mhì-chinntean.

Co-dhùnadh:

Dh'aontaich Buill an clàr mhì-chinntean.

#### 4. Riaghlachas

##### 4.1. **Brath Luach as Fheàrr**

Mhìnich NP dhan Chomataidh gur e dleastanas air a h-uile buidheann poblach ann an Alba a th' ann a bhith a' dearbhadh gun robh iad a' toirt seachad an Luach as Fheàrr. Gus an riatanas seo a choileanadh, bidh Bòrd na Gàidhlig ag ullachadh Aithris Luach as Fheàrr a tha a' mìneachadh mar as urrainnear seo a choileanadh thar seachd cuspairean sònraichte mar a chaidh a mholadh le Riaghaltas na h-Alba. Gus am fheum as èifeachdaiche a dhèanamh de stòrasan, tha na ceumannan a thathar a' moladh gus sùil a chumail air luach as fheàrr nan siostaman agus pròiseasan a tha an gnìomh mar-thà, agus thèid lèirmheas air mar a tha iad a' coileanadh nan ceumannan sin a thaisbeanadh aon uair 's gu bheil an Aithisg Bhliadhnail agus Cunntasan air an aontachadh.

Thug na buill fa-near an targaid fo 'Chleachdadh Stòrasan' a tha ag amas air 80% de na Prìomh Chomharran Coileanadh a choileanadh agus bheachdaich iad air a' cheist an e targaid iomchaidh a tha seo. Bha deasbad ann mu carson a chaidh am figear seo a thaghadh agus dh'aontaich na Buill gun deach beachdachadh gu h-iomchaidh air an figear seo. Thug ES beagan co-theacsa seachad mun Aithris Luach as Fheàrr agus thuir i gun robh i riarachta leis an targaid de 80%.

Dh'fhaighnich Buill an robh Bòrd na Gàidhlig an sàs ann am Plana Nàiseanta nan Eilean idir, agus, agus ma bha, ciamar. Thuirt RD gum biodh e toilichte fiosrachadh ullachadh dhan Chomataidh san àm ri teachd. Thuirt NP nach biodh seo air a ghabhail a-steach ach a-mhàin nan robh e air a bhith ann am freagairt co-chomhairleachaidh.

Co-dhùnadh:

Dh'aontaich Buill am Brath Luach as Fheàrr.

#### **4.2. Aithisg Bhliadhnail na Comataidh Sgrùdaidh is Dearbhachd**

Thug SML geàrr-chunntas do Bhuill air Aithisg Bhliadhnail na Comataidh agus air an fhiosrachadh a tha innte. Chomharraich NP mearachd san aithisg agus dh'innis i do Bhuill gun rachadh seo a cheartachadh agus ùrachadh mus rachadh a thaisbeanadh dhan Bhòrd.

Co-dhùnadh:

Dh'aontaich Buill an Aithisg Bhliadhnail.

#### **4.3. Ath-sgrùdadh air na Bun-riaghailtean**

Thug NP geàrr-chunntas seachad air na Bun-riaghailtean agus air atharrachadh sam bith a rinneadh. Thug SML fa-near gu bheil Cathraichean nan Comataidhean an dùil coinneachadh an ath sheachdain gus am pròiseas lèirmheas bliadhnail airson Buill Comataidh a dheasbad agus aontachadh sna beagan sheachdainean ri thighinn.

Co-dhùnadh:

Dh'aontaich Buill na Bun-riaghailtean.

#### **4.4. Prògram obrach Comataidh Sgrùdadh is Dearbhachd**

Dh'innis NP do bhuill gun deach Aithisg air Foill a chur ris a' phrògram obrach. Bha cinn-latha agus tiotalan nan Aithisgean In-sgrùdaidh ri ùrachadh, agus chaidh a thoirt fa-near gum biodh seo air a dhèanamh ron ath Choinneimh den Chomataidh.

Co-dhùnadh:

Dh'aontaich Buill am Plana Obrach.

5. GISBE

Ceann-latha na h-ath choinneimh: 23/09/2025

**Deireadh an t-Seisein**